

A NÌGHNEAG A GHRÀIDH

*[faclan le Murchadh Moireasdan
words by Murdo Morrison]*

A nìghneag a ghràidh, 's tu dh'fhàg an dochair nam cheann
air feasgar Diciadain nam shuidhe 's mi riasladh ri rann
gum b' fheàrr a bhith sìnte gu socair 's gu siòbhalt 'sa ghleann
a' cadal le chèile fo dhuilleach nan geugan ud thall.

'S ann dhutsa, mo leannan, thug mise mo chridhe 's mochiall,
mo dhùsgadh, mo chadal, mo reult, mo ghealach 's mo ghrian;
's tu m' oidhche, mo mhadainn, mo bhùrn, is m' anail 's mo bhiadh,
'n àm èirigh is laighe 's tu fhèin an aingeal gam dhòn.

Ann an achlais mo leannain gun caidlinn fada gun strì,
fo dhubhar nam beannan far 'm b'òg a b'amaideach mi
gun sòlas air thalamh lem dheòin a dh' aithnicheadh mi
ach gaol na h-òg chailin a bheothaich an t-sradag am chridh'.

An saoghal ged 's farsaing gum b'fheàrr a bhith tathaich saghleann
ri taobh na h-òg chailin air thalamh bu mhaisiche leam;
bidh riomhachd, a h-àilleachd 's a grinneas gu bràth na ma cheann,
's ann an lùchaint mo chridhe bidh àite, mo nighean, dhut ann.

Thig fois air an talamh, thig tost air anail a' chuain
air tonnan a' chladaich thig tàmh is cadal car uair;
eòin bheaga na doire nì fasgadh sona fon bhruaich,
ach mo ghaol-sa do m' leannan rim bheò chan aithnich e suain.

A nìghneag a ghràidh, 's tu dh'fhàg an dochair nam cheann
air feasgar Diciadain nam shuidhe 's mi riasladh ri rann
gum b' fheàrr a bhith sìnte gu socair 's gu siòbhalt' sa ghleann
a' cadal le chèile fo dhuilleach nan geugan ud thall.